



the National Trust
for Scotland
a place for everyone

Làrach Dhualchas na Cruinne Hiort

Ro-ràdh

'S e àite air leth a th' ann an eileanan Hiort. Nan laighe leotha fhèin sa Chuan Atlantaig, tha na h-eileanan beaga seo air àite cho iomallach is cho doirbh an ruighinn 's a th' ann am Breatainn gu lèir. Ach ged a tha iad fhèin beag, tha an dualchas sònraichte. B' e oir seann bholcàno a bha sna bearraidhean agus sna stacan-mara iongantach agus chan eil eòin-mhara cho pailt an àite eile ann an ceann an ear-thuath an Atlantaig.¹ Tha beatha na mara cha mhòr gun shamhail a thaobh beairteas is dath anns na bearraidhean, na creagan agus na h-uamhan fon mhuir. Tha an dualchas agus an fhianais iongantach a tha clàraichte mun àite nan ceangal cumhachdach ri eachdraidh nan eilean agus ri daoine a bha beò ann an àite iomallach 'air oir an t-saoghail.' Chan urrainn duine gun a bhith mothachail air cumhachd nàdair san àite seo agus tha e a' toirt fianais air fulangas is foighidinn nan daoine a bha beò ann an àrainneachd cho borb ach a chleachd nàdar airson tighinn beò. Nuair a chuirear còmhla tiamhaidheachd eachdraidh nan eilean is an cruth-tìre iongantach, bòidhchead nàdair is dualchas, iomallachd agus cho doirbh 's a tha e faighinn ann, tha e a' ciallachadh gur e àite mìorbhaileach a tha seo airson a thadhal.

'S e Hiort an aon Làrach Dhualchas Cruinne (WHS) measgaichte ann am Breatainn agus an-diugh, fear de 25 a-mhàin air an t-saoghal, air a chomharrachadh an dà chuid airson dualchas nàdair air muir agus tuir agus cuideachd airson a dhualchais.



1. Tha 20% de shùlairean an t-saoghail (*Morus bassanus*) agus an tuineachadh as motha air taobh an iar na Roinn Eòrpa de dh'fhuilmairean a' chinn a tuath (*Fulmarus glacialis*) am measg nan eòin-mhara; tha an t-àite as motha sa bheil na luaireagan (*Oceanodroma leucorhoa*) a' gintinn an ceann an ear-thuath an Atlantaig; agus tha buthaid an Atlantaig (*Fratercula arctica*), an t-eun as bitheanta ann a' Hiort, cuideachd rim faotainn an seo ann an àireamhan a tha cudromach dhan bhith-ionad.

Dè th' ann an Làrach Dhualchas na Cruinne?

Tha Làrach Dhualchas na Cruinne na làrach nàdair agus/no dualchais a tha air a mheas mar àite a tha gu sònraichte prìseil aig ìre na cruinne agus gum buin e mar sin do chinnidhean an t-saoghail ge b' e càit air an t-saoghal a bheil e. Chan eil làrach ga chomharrachadh air Liosta Dualchas na Cruinne nas lugha na tha UNESCO² agus an luchd-comhairleachaidh aca – ICOMOS³ air sgrùdadh cruaidh is mionaideach a dhèanamh airson làraich chultarail agus IUCN⁴ airson làraich nàdair.



Seilbh agus riaghladh



Tha Hiort air a bhith fo sheilbh Urras Nàiseanta na h-Alba (An t-Urras) bho 1957 agus, bhon uair sin, tha riaghladh air a bhith an urra ri compàirteachas agus co-obrachadh dlùth eadar An t-Urras, Dualchas Nàdair na h-Alba (SNH), Alba Eachdraidheil (HS), Comhairle nan Eilean Siar, Ministrealachd an Dìon (MOD) agus na riochdairean aca. B' e an t-amas a bha riamh fa-near dhaibh sin a bhith ag obrachadh a dh'ionnsaigh riaghladh faireachail, amalaichte air gach nì a bhuineas dha na h-eileanan, le prìomhachas soilleir do ghlèidhteachas, agus leanaidh iad orra leis an sin.

Plana Riaghlaidh Làrach Dhualchas na Cruinne – carson a tha e ann?

Airson a bhith cinnteach gun lean glèidhteachas agus riaghladh gach WHS, tha UNESCO airson gum bi structar riaghlaidh iomchaidh ann. Seo am modh-obrach as fheàrr agus tha e na phoileasaidh aig Breatainn gum bi Plana Riaghlaidh aig Làrach Dhualchas na Cruinne.

2 UNESCO – United Nations Educational, Scientific and Cultural Organisation

3 ICOMOS – International Council on Monuments and Sites

4 IUCN – International Union for Conservation of Nature

Dè th' ann am Plana Riaghlaidh?

Tha am Plana Riaghlaidh a' cur an cèill nan rudan as cudromaiche mun àite, gu h-àraidh an dualchas, ach cuideachd na cothroman a th' ann a thaobh ruigsinneachd agus foghlam agus a chudrom eaconamach agus sòisealta do choimhearsnachdan ionadail agus do choimhearsnachdan nas fharsainge le ùidh ann. Tha am Plana Riaghlaidh na dhòigh air gach coimhearsnachd le ùidh a thoirt còmhla gus beachdan eadar-dhealaichte a chothromachadh agus amalachadh. Air a' cheann thall bheir seo dhuinn am frèam sam bi compàirtichean ag obair gus na h-amasan a chaidh aontachadh sa cheann fhada dhan àite a choileanadh. Mar sin, chan ann a-mhàin dhan Urras mar luchd-seilbh a tha am Plana Riaghlaidh ach dhan h-uile duine le ùidh ann. Airson am Plana Riaghlaidh mu dheireadh fhaicinn, theirig gu làrach-lìn Hiort aig www.kilda.org

Carson a dh'fheumar ath-sgrùdadh?

Bu chòir gun toireadh Plana Riaghlaidh iomradh an dà chuid air an lèirsinn sa cheann fhada airson an àite le bhith a' suidheachadh mar a thèid a riaghladh thar nam 20-30 bliadhna ri teachd, agus na h-amasan sa mheadhan-ùine a stiùireas an obair san ath 5 bliadhna. Bha am Plana Riaghlaidh WHS Hiort mu dheireadh a' còmhachadh 2003-2008. Chaidh am pròiseas ath-sgrùdadh a stad gus an do rinn am MOD co-dhùnadh air an obair aca san àm ri teachd ann a' Hiort. Seach gu bheil fios a-nis mun seo, tha am Plana Riaghlaidh a-rithist na phrìomhachas.

Thoir dhuinn do bheachd

Bidh dà chothrom agad beachd a thoirt seachad air riaghladh nan eilean san àm ri teachd agus seo a' chiad chothrom dhiubh sin. Tha an co-chomhairleachadh airson faighinn a-mach carson a tha Hiort sònraichte dhut; dè na cùisean a tha thu dhen beachd a dh'fheumar coimhead orra sna bliadhnaichean a tha romhainn agus cuideachd airson an t-Urras a chuideachadh gus fuasgladh a lorg dha na ceistean a chomharraich sinn fhèin agus ar compàirtichean. Cuir fios thugainn le do bheachdan air an fhoirm a tha an cois seo. Faodaidh tu gach ceist a fhreagairt no dìreach beagan dhiubh.

Cuir do fhreagairt ann am post-dealain gu:

StKildaConsultation@nts.org.uk

no sa phost gu:

Vicky Cairns
Neach-planaidh Riaghladh WHS Hiort
Urras Nàiseanta na h-Alba
28 Charlotte Square
Dùn Èideann
EH2 4ET



Bidh an dara cothrom agad as t-earrach 2010 nuair a nì sinn co-chomhairleachadh air dreachd a' phlana gu lèir.

Dè thachras do fhreagairtean a' cho-chomhairleachaidh?

Thèid na freagairtean gu lèir a chur còmhla agus an sgrùdadh agus foillsichear aithisg air làrach-lìn Urras Nàiseanta na h-Alba: www.nts.org.uk (theirig gu duilleagan Hiort ann an earrann nan Cuairtean dhen làrach-lìn) agus cuideachd làrach-lìn Hiort: www.kilda.org.uk. Thèid na toraidhean a chleachdadh gus fios a chur ris an ath Phlana Stiùiridh airson Hiort (Làrach Dhualchas na Cruinne).

1. Carson a tha Hiort sònraichte dhut?

Tha Hiort a' ciallachadh iomadh rud do mhòran. Dhan Urras tha e mu dheidhinn an dualchais agus a' dèanamh cinnteach gun gleidhear e agus gum bi e cho furasta faighinn ann 's a ghabhas airson gum meal ginealach an latha an-diugh agus na ginealaich ri teachd e. Dh'fhaodadh gur e rudeigin eile a tha cudromach do dhaoine eile, me na h-eòin-mhara; na buthaidean; an ùine a chuir iad seachad air an eilean nuair a bha iad san arm; sgeulachdan mu na daoine a bha a' fuireach ann mus deach an t-eilean fhàsachadh ann an 1930; an cruth-tìre iongantach no an t-ìomallachd, msaa.

1.1 Carson a tha Hiort cudromach dhut?

2. Bith-thèarainteachd – gnèathan a' tighinn a-steach

'S e gnèathan nach buin gu nàdarra dha na h-eileanan agus a dh'fhaodadh tighinn a-steach fear dhe na cunnartan as motha do dh'àrainn nàdarra Hiort agus gu h-àraidh dha na h-eòin-mhara, caoraich Shòdhaigh, dreathan-donn Hiort agus luch Hiort. 'S e radain, cait, coin agus mustailean (mionc msaa), an fheadhainn as cunnartaiche agus sin as coireach nach bi sinn a' leigeil le bàtaichean ceangal aig a' chidhe no a' leigeil le cait is coin tighinn air tìr. Tha e uabhasach cudromach gum bi a h-uile duine a bhios a' tadhal nan eilean a' tuigsinn seo. Bu mhath leinn cluinntinn bhuaicòr còmhla ris am bu chòir dhuinn obrachadh, nad bheachd-sa, airson an teachdaireachd seo a thoirt gu daoine a dh'fhaodadh a bhith am beachd tadhal agus dè am fiosrachadh a bu chòir a bhith aca mus falbh iad air an turas.



2.1 Ciamar a b' fheàrr a chuireamaid an teachdaireachd an cèill?

2.2 Dè na stòran fiosrachaidh anns am bu chòir dhan teachdaireachd nochdadh?

2.3 Cò còmhla ris am bu chòir obrachadh gus an teachdaireachd a chur an cèill?


3. Crìonadh cladaich



'S e pròiseas nàdarra a th' ann an crìonadh cladaich agus tha e air a bhith a' toirt buaidh air Hiort fad mhiltean bhliadhnaichean. Ach dh'fhaodadh gun do chuir cuid dhen obair ann am Bàgh a' Bhaile o chionn beagan bhliadhnaichean cabhag ris a' chùis agus tha roghainnean doirbh romhainn a-nis. Chaidh an t-ionad a chuartachadh le gabion, seòrsa de uèir, airson a dhìon ach chan eil sin ro thlachdmhor dhan t-sùil. Cha mhotha na sin a tha fios againn fhathast a bheil e a' dìon a' chidhe, rud a tha cho cudromach a thaobh luchd-turais a bhith a' tadhal, no an ann a tha e a' cur cabhag ris a' chrìonadh. Nas fhaide timcheall a' bhàigh, tha crìonadh a' chladaich a' cur structaran a tha faisg air a' mhuir, leithid stòran itean agus gàrraidhean cloiche, ann an cunnart. Am fàg sinn a' chùis aig cumhachd nàdair agus an gabh sinn ris gur dòcha gun caillear a' chuid sin de dhualchas nan eilean no am bu chòir dhuinn an dìon le tuilleadh gabion agus tuilleadh concrat a dh'fhaodadh

tuilleadh crìonaidh adhbhrachadh am badeigin eile sa bhàgh? 'S àbhaist dhan Urras leigeil le nàdar cumail a' dol agus gun chàil a dhèanamh agus a thaobh an dualchais chultarail a dhol air adhart le beagan obair glèidhteachais gus cudrom an làraich a ghleidheadh. Nuair a tha an dà nì sin a' strì ri chèile, bidh sinn a' coimhead gu dlùth air gach suidheachadh fa leth.

- 3.1 Dè do bheachd air an dìon cladaich a tha an-dràsta ann am Bàgh a' Bhaile?
- 3.2 Saoil am bu chòir dhuinn an dìon cladaich a th' ann an-dràsta a neartachadh gus nach caillear an còrr dhen dualchas chultarail air sgàth a' chrìonaidh no an leig sinn le nàdar cumail a' dol le obair?
- 3.3 Mura h-urrainnear stòr nan itean a shàbhaladh, am bu chòir leigeil leis a' mhuir cur às dhi no am bu chòir dhuinn a gluasad?



4. Àrainn na mara



Tha am muir timcheall Hiort na stòras nàdarra a tha air leth cudromach mar a chaidh aithneachadh ann an 2004 nuair a chaidh comharrachadh Dualchas Cruinne Hiort a leudachadh gus àrainn na mara a ghabhail a-steach cuideachd. Tha e riatanach airson biadh dha na milleanan de dh'èòimhara; tha an t-uisge làn mathachaidh beairteach agus dh'fhaodadh gu bheil an comas ann tuilleadh ionnsachadh mu mhuinntir Hiort bho chruthan-tìre cultarail a tha a-nis fon uisge. Tha am muir mu na cladaichean againn cudromach dhan eaconamaidh sna coimhearsnachdan a tha a' fuireach

an cois a' chladaich agus tha e cuideachd air leth math airson chur-seachadan.

- 4.1 Dè na prìomh chunnartan a shaoileas tu a tha ro àrainn na mara mun cuairt Hiort?
- 4.2 Ciamar as còir an dìon, mas còir idir?
- 4.3 Cò bu chòir a bhith an sàs ann a bhith a' sgrùdadh agus 's dòcha a' leasachadh dìon na mara mu na h-eileanan?



5. Luchd-turais

'S e Hiort àite cho iomallach 's a th' ann am Breatainn. 'S e àite a th' ann a bu mhatth le mòran fhaicinn ach 's e glè bheag a fhuair an cothrom. An do thadhail thu fhèin air an eilean? An do thadhail thu an lùib cuairt latha a chuireadh air dòigh no air soitheach cuairt-mara; no mar phàirt de Bhuidheann-obrach Hiort; an robh thu ann còmhla ris an arm no an robh thu ag obair ann mar chunradair sìobhalta?

- 5.1 An do thadhail thu air Hiort? Thadhail/Cha do thadhail
- 5.2 Ma thadhail, an ann:
 - Air cuairt latha às na h-Eileanan Siar
 - Air soitheach cuairt-mara
 - Air gheat phrìobhaideach
 - Còmhla ri Buidheann-obrach
 - Air sgàth d' obair, me còmhla ris an arm mo mar chunradair sìobhalta
 - Air adhbhar eile, inns dè bh' ann.
- 5.3 Mura do thadhail, a bheil thu am beachd tadhal air na h-eileanan?

6. Àireamh luchd-turais



Tha barrachd luchd-turais sna bliadhnaichean mu dheireadh air dùbhlain ùra a thoirt dha na daoine a tha ag obair ann a' Hiort, co-dhiù 's ann dhan Urras, QinetiQ no Amey. Feumaidh cothromachadh a bhith ann eadar feumalachdan glèidhteachais, luchd-turais agus an fheadhainn a tha a' fuireach agus ag obair air an eilean airson a bhith cinnteach gu bheil an dualchas air a dìon ceart, airson gun còrd an t-eilean ris an luchd-turais agus ris an luchd-obrach, cunnradairean agus luchd-rannsachaidh nam measg, agus gum faigh iad air an obair aca a dhèanamh mar bu chòir. Chan eil àireamh an luchd-turais fhathast aig ìre a tha a' toirt buaidh air an dualchas nàdarra no chultarail. Cha mhòtha a tha iad a' toirt buaidh air an fheadhainn a tha ag obair ann a' Hiort ach cumaidh an t-Urras

agus a chompàirtichean sùil air an seo sna bliadhnaichean ri teachd. Ciamar a nì sinn cinnteach nach toir àireamh an luchd-turais buaidh orra fhèin no air an dualchas chultarail no nàdarra?


6.1 Ciamar a nì sinn cinnteach nach eil àrdachadh ann an àireamhan luchd-turais a' toirt droch bhuaidh air na cuairtean fhèin no air an dualchas nàdarra no chultarail?

7. A' faighinn ann

Tha fios againn gu bheil mòran ann le bu toigh tadhal air Hiort. Ged a tha e fada nas fhasa faighinn ann o chionn 6 bliadhna, le bàtaichean a' tighinn às na h-Eileanan Siar airson an latha agus barrachd shoithichean chuairtean-mara a' tadhal, 's e àireamh glè bheag a bha cho fortanach 's gun d' fhuair iad ann. Dhan mhòr-chuid 's e bruidhear a th' ann nach coileanar gu bràth. Bu toil leis an Urras is a chompàirtichean na h-eileanan agus an cuid eachdraidh is dualchais a dhèanamh nas ruigsinniche do dhaoine. Tha sinn a' faireachdainn gun toireadh Ionad-tadhail Hiort, a tha san amharc airson nan Eilean Siar, eòlas Hiort gu barrachd dhaoine. Tha planaichean fhathast aig ìre thràth ach leanaidh an t-Urras air adhart ag obair gu dlùth le com-pàirtichean gus am moladh seo a ghluasad air adhart.

Tha dòigh eile ann a tha an t-Urras a' faireachdainn a dh'fhaodadh cothrom math a thoirt do dhaoine agus 's e sin tro na làraich-lìn (www.kilda.org.uk) agus (www.hiort.org.uk) fear ann am Beurla agus ann an Gàidhlig. Mar a bhios glè thrì a' tachairt, tha leasachadh nan làrach-lìn a rèir 's nan stòrasan a th' againn ach bhiomaid toilichte nan innseadh tu dhuinn mu dhòigh sam bith anns an gabhadh na làraich-lìn a leasachadh no 's dòcha gu bheil iad mar-thà a' toirt dhut na tha thu ag iarraidh. Dè na dòighean eile air an gabhadh ruigsinneachd nan eilean a dhèanamh nas fheàrr?

Ann an àitichean mar Ionad Eòin-mhara na h-Alba, tha camarathan-lìn gan cleachdadh gus seallaidhean dlùth de dh'iongantasan nàdair a shealltainn do luchd-turais. Tha uallaichean teicnigeach agus ceistean an lùib seo mu dhìomhaireachd nan daoine a tha ag obair ann a' Hiort, agus an luchd-turais. Dh'fheumte fuasgladh faighinn air an sin mus tòisichadh a leithid sin de sgeama ann a' Hiort ach bu mhath leinn faighinn a-mach an cuireadh tu luach air rud mar sin no am biodh tu dhen bheachd gur ann a' milleadh chùisean a bhiodh e? Dè na h-eileamaidean dhen dualchas chultarail is nàdarra a bu toigh leat fhaicinn tro chamara-lìn beò?



- 7.1 An do thadhail thu air làraich-lìn Hiort – www.kilda.org.uk no www.hiort.org.uk? Thadhail/Cha do thadhail.
- 7.2 Dè am fiosrachadh a bha thu a' sireadh agus an do lorg thu e?
- 7.3 Ciamar a dh'fhaodaist an làrach-lìn a dhèanamh na b' fheàrr?
- 7.4 An cuireadh tu fàilte air camara-lìn no am milleadh e iomallachd is aonaranachd nan eilean?
- 7.5 Ma thuir thu gun cuireadh aig 7.4, dè na h-eileamaidean dhen dualchas chultarail is nàdarra a bu toigh leat fhaicinn tron chamara-lìn?
- 7.6 Dè na dòighean eile anns an gabhadh ruigsinneachd nan eilean a leasachadh?

8. Goireasan

Air sgàth nàdar an àite, chan eil ach beagan ghoireasan simplidh ann a' Hiort do luchd-turais. Tha an taigh-tasgaidh ag innse sgeulachd Hiort, tha e na àite seasgair ma bhios droch shìde ann agus tha taighean-beaga agus bùth ann. Le leasachadh a' Mhansa, bidh e nas fhasa faighinn dha na taighean-beaga agus dhan bhùth oir bidh iad aig ceann a' chidhe.



- 8.1 Dè do bheachdan air na goireasan a tha an-dràsta ann a' Hiort do luchd-turais?
- 8.2 Dè na goireasan a bu toigh leat fhaicinn ann a' Hiort do luchd-turais?

9. Togalaichean MOD

Tha an t-Urras agus a chom-pàirtichean a' coimhead air an arm mar phàirt de dh'eachdraidh Hiort agus tha togalaichean MOD ann am Bàgh a' Bhaile nan comharran follaiseach air an seo. As t-samhradh am-bliadhna chùim MOD co-chomhairleachadh air moladh an luchd-obrach aca gu lèir a ghluasad à Hiort. Thug sin air an Urras agus air Alba Eachdraidheil sùil a thoirt air togalaichean MOD ann am Bàgh a' Bhaile airson a bhith cinnteach gum biodh daoine a' tuigsinn cho cudromach 's a bha iad agus gun deigheadh sin a chlàradh mus biodh co-dhùnadh ann mun deidhinn nam b' e agus gun deigheadh na molaidhean air adhart. Ged a chaidh na molaidhean a leigeil às, bu mhath leinn fhathast tuigse a bhith ann air cho luachmhor 's a bha na togalaichean sin dhan rìoghachd. Tha cuid dhen bheachd gu bheil iad a' toirt droch shealladh air an àite ach tha cuid eile a' cur luach orra mar chuimhneachan cudromach air a' Chogadh Fhuar. Bu mhath leinn cluinntinn dè tha na togalaichean a' ciallachadh dhutsa ach an tèid againn air an cudrom san fharsaingeachd a mheasadh.

Co-dhiù dh'fhuiricheas na togalaichean sin no co-dhiù thèid cur às dhaibh san àm ri teachd, bidh MOD agus an t-Urras fhathast a' cur feum air àite-fuirich, àite-obrach agus stòr dhan luchd-obrach, dha na cunnadairean agus dhan luchd-rannsachaidh. Mar sin, 's iongantach mura bi togalaichean a bhuineas dhan latha an-diugh an-còmhnaidh ann am Bàgh a' Bhaile, co-dhiù 's iad seo no feadhainn ùra.



- 9.1 Dè cho cudromach 's a tha togalaichean MOD ann am Bàgh a' Bhaile dhut fhèin, ma tha idir?
- 9.2 Dè tha thu a' smaoinichadh a bu chòir tachairt dha na togalaichean a th' ann an-dràsta mura bi MOD no na cunnadairean aca a' cur feum orra?

10. Maoinachadh

Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, tha Hiort air àite cho iomallach agus cho do-ruigsinneach 's a th' ann am Breatainn agus, mar thoradh air sin, tha e a' cur feum air tasgadh caran tomadach airson glèidhteachas agus riaghladh a chumail a' dol. Tha an t-Urras air a bhith fortanach anns an taic a fhuaradh bho na compàirtichean an dà chuid a thaobh taic-airgid agus taic phractaigeach, a leig leinn na h-eileanan iongantach seo a ghleidheadh agus a riaghladh thar nam bliadhnaichean. Ach airson cùisean a chumail aig an ìre aig a bheil iad an-dràsta agus airson na th' ann a choileanadh an car barrachd ruigsinneachd, toileachas, foghlam agus cothroman rannsachaidh, feumaidh an t-Urras feuchainn ri barrachd stòrais a lorg. Saoil dè na dòighean anns am b' urrainn dhan Urras barrachd airgid a thogail airson cumail a' riaghladh nan eileanan seo? Gu ruige seo, fhuair sinn molaidhean leithid cìs bheag airson an cidhe a chleachdadh agus tagradh a chur air chois gus airgead a thogail a phàigheadh cosgaisean obrachaidh agus chan e a-mhàin pròiseactan sònraichte. Dè do bheachd air na molaidhean sin agus a bheil beachdan sam bith eile agad?



- 10.1 Dè do bheachd air cìs bheag airson an cidhe a chleachdadh?
- 10.2 Dè na beachdan a th' agad air dòighean anns am b' urrainn dhan Urras airgead riatanach a thogail airson leantainn air adhart le glèidhteachas is riaghladh dual-chas nan eilean agus airson gum bi e nas ruigsinniche?

11. Buannachdan farsaing

Tha Hiort na phàirt dhe na h-Eileanan Siar, chan ann a-mhàin a thaobh far a bheil e ach cuideachd a thaobh cultar is dualchas agus ceanglaichean nan daoine an-diugh agus san àm a dh'fhalbh. Cuideachd, tha na h-uiread de bhuanachd eaconamach ann do chuid dhe na tha a' fuireach agus ag obair anns na h-Eileanan Siar. A bheil dòighean ann air am faigheadh àitichean sna h-Eileanan Siar barrachd buannachd shòisealta agus eaconamach às an dòigh sa bheil sinn a' riaghladh Hiort?

- 11.1 Ciamar a dh'fhaodadh Hiort a bhith gu barrachd buannachd shòisealta agus eaconamach do dh'àitichean anns na h-Eileanan Siar?

12. Ceistean Eile

- 12.1 Dè na ceistean eile a th' agad a thaobh Hiort? Bu mhath leinn beachdan is molaidhean gach duine a chluinntinn air mar dh'fhaodamaid riaghladh nan eilean a leasachadh san àm ri teachd.

Ma tha beachdan agad air na ceistean seo no ceistean sam bith eile, cuir iad gu Vicky Cairns, Neach-planaidh Riaghladh Hiort, Urras Nàiseanta na h-Alba, 28 Charlotte Square, Dùn Èideann EH2 4ET no air post-dealain gu StKildaConsultation@nts.org.uk. Cuirear fàilte air beachdan uair sam bith agus bidh beachdan a gheibhear ro 18 Faoilleach 2010 nan cuideachadh dhan Urras agus dha chompàirtichean gus a bhith a' sgrìobhadh a' chiad dreachd de Hiort ùr.